

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, air Dihaoine, 12 Dùbhlachd 2025 aig 10.00m.

An làthair:

Mgr R Bremner

Mgr I MacIlleDhuinn

Mgr S Camshron

A' Bh-uas I Chaimbeul

A' Bh-uas C NicIlllòsa

Mgr I Grafton

Dr M Gregson

Mgr P Logue

Mgr U MacAoidh

A' Bh-uas C NicIlleathain

Mgr D Mac a' Mhuilleir

A' Bh-uas M NicPheadrais

Neo-Bhall cuideachd an làthair:

A' Bh-uas L Sheonstanach

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacIlleDhuinn, Àrd-Oifigear

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

Mgr C MacFhearghais, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Caidreachas Ball-coise Alba

Mgr A Caimbeul, Caidreachas Ball-coise Alba

Mgr D Reid, Ceannard Leasachadh Spòrs, High Life na Gàidhealtachd

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr D Mac a' Mhuilleir anns a' Chathair

Gnothach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Thugadh leisgeul seachad às leth Mhgr A Mhic an Tòisich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha tugadh seachad Foillseachaidhean Com-pàirt no Aithrisean Follaiseachd.

3. Naidheachdan Matha

Bha am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a bhith soirbheachail dha-rìribh agus dheigheadh aithisg iomlan, a' gabhail a-steach buaidh eaconamach a' Mhòid ann an sgìre Loch Abar, a thoirt chun na h-ath choinneimh de Chomataidh na Gàidhlig.

Bha Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh air duais òir fhaighinn bho Chom-pàirteachas Foghlam a' Chiùil, airson a bhith cho dealasach a thaobh foghlam is leasachadh ciùil.

Bha a' Ghàidhlig agus Albais a-nis air an aithneachadh gu foirmeil mar chànanan oifigeil na h-Alba. Chaidh an t-atharrachadh cudromach seo, a chaidh a thoirt a-steach tro Achd nan Cànan Albannach 2025 agus èifeachdach bho Latha an Naoimh Anndra, a' riochdachadh ceum mòr air adhart ann am poileasaidh cànan.

Chuir Buill meal-an-naidheachd air na sgoilearan bho Àrd-Sgoil Inbhir Theòrsa agus Acadamaidh Inbhir Pheofharain a ghabh pàirt ann an Deasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha a chaidh a thaisbeanadh.

4. **Aithisg Cupa nan Dùthchannan Ceilteach – Tachartas Coimhearsnachd Gàidhlig**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/17/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine agus chaidh taisbeanadh a thoirt seachad le Calum MacFhearghais, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Caidreachas Ball-coise Alba.

Thug Mgr MacFhearghais seachad cunntas air mar a thòisich Caidreachas Ball-coise Alba agus mar a bha e air leasachadh on uair sin. Thòisich an iomairt sa Mhàrt 2020 aig àirde galar Covid-19. Ri linn gluasad grad gu ùrlaran air-loidhne, bha cothrom ann sreath de bhidiothan Gàidhlig a chruthachadh do dhachaighean. Thàinig taic às dèidh sin bho Sgioba Gàidhlig na Comhairle agus bha e follaiseach gun robh cothrom an lùib a bhith a' toirt Gàidhlig agus ball-coise còmhla. Thàinig Alba FA gu bhith na bhuidheann riochdachaidh a bha a' cleachdadh ball-coise gus ceangal, brosnachadh is fàs a thoirt gu buil a thaobh na Gàidhlig, agus bhon uair sin thathar air sreath de chleasan curraicealach is neo-churraicealach a libhrigeadh air feadh na Gàidhealtachd agus nas fharsainge.

Chaidh Cupa nan Dùthchannan Ceilteach a chur air bhog anns a' Ghearmailt ann an 2024. Às dèidh tilleadh às a' Ghearmailt, chunnaic Mgr MacFhearghais na bha cluicheadairean a' dèanamh sna coimhearsnachdan aca fhèin. Bha Harry MacNeacail, seann sgoilear FtG à Inbhir Nis, a-nis a' cleachdadh na Gàidhlig gu gnìomhach na dhreuchd mar sgiobair air sgioba fhear Alba FA agus Club Ball-coise Clach na Cùdainn. Am-bliadhna, chruinnich còrr is 300 neach airson an tachartais sa Ghàidhealtachd agus bha seo a' gabhail a-steach seisean coimhearsnachd do dh'òigridh far an robh 83 cluicheadair an làthair, an àireamh a bu mhotha a bha riamh aca aig tachartas òigridh.

B' ann tro cho-obrachadh le Comhairle na Gàidhealtachd agus High Life na Gàidhealtachd a bha e comasach am prògram a chur air adhart. Bha còmhraidhean com-pàirteachaidh a' dol air adhart le Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail eile gus coinneachadh ris an iarrtas a bh' ann thar choimhearsnachdan.

Bha Buill dhen bheachd gur e sàr eisimpleir a bha seo airson sealltainn gum buineadh a' Ghàidhlig dhan bheatha san fharsaingeachd, agus nach b' e dìreach cànan a bhuineadh dhan t-seòmar-theagaisg a bh' innte.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

i. dhan aithisg; agus

- ii. do leasachadh Cupa nan Dùthchannan Ceilteach agus dhan àite aige ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig agus a' toirt choimhearsnachdan còmhla.

5. Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/18/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- b' i Comhairle na Gàidhealtachd fhathast an solaraiche a bu mhotha a thaobh Foghlam Gàidhlig am measg nan ùghdarrasan ionadail;
- bha a bhith a' fastadh thidsearan fhathast dùbhlannach, gu h-àraid a bhith a' gleidheadh thidsearan probhaidh; agus
- chaidh fiosrachadh a shireadh, is a thoirt seachad, a thaobh nam planaichean a bh' aig Riaghaltas na h-Alba gus taic a thoirt dhan Chomhairle ann a bhith a' coinneachadh ri gealltanasan Plana na Gàidhlig, agus co-dhiù a bha maoinachadh gu leòr taobh a-staigh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig gus seo a dhèanamh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan adhartas gu ruige a bhith a' cur solar Foghlam tron Ghàidhlig air dòigh ann am Bun-Sgoil Loch Àlainn;
- ii. do leasachadh a' phrògram in-sheirbheis airson foghlam Gàidhlig mar fhreagairt ro-innleachdail dhan *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig*, a bha ga chur mar dhleastanas air ùghdarrasan foghlaim taic a chur ri foghlam Gàidhlig de chàileachd àrd; agus
- iii. do na tha tachartasan a leithid an In-sheirbheis agus an t-sreath phod-chraolaidh Oideas a' cur ri bhith a' comharrachadh 40 bliadhna de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig (FtG), agus ri bhith a' cur taic ri conaltradh leantainneach le iomairtean cnuasachail is iomairtean a tha air an stiùireadh le luchd-cleachdaidh a tha a' neartachadh follaiseachd is buaidh foghlaim Ghàidhlig sa Ghàidhealtachd.

6. Aithisg PRMS

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/19/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Chaidh fiosrachadh a shireadh, is fhaotainn, a thaobh solar Gàidhlig ann am Bun-Sgoil Ratharsair, agus chaidh a ràdh gun robh suidheachadh na sgoile àraid.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh an gnìomh sa Phlana Ghàidhlig a luathachadh gus goireas gnothachais Gàidhlig air-loidhne a chruthachadh.

7. Buileachadh Tar-Seirbheis Plana na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/20/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

8. Aithisg Adhartais High Life na Gàidhealtachd

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/21/25 leis an Àrd-Oifigear, High Life na Gàidhealtachd.

Thug Darren Reid, Ceannard Leasachadh Spòrs aig High Life na Gàidhealtachd, seachad ro-ràdh dhan aithisg, a bha a' sealltainn mar a bha High Life na Gàidhealtachd a' toirt taic is brosnachadh do chànan is chultar na Gàidhlig, agus mar a bha seo a' cur taic ri Plana na Gàidhlig. Bha seo a' gabhail a-steach solar sheirbheisean latha gu latha a bharrachd air a bhith a' toirt taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Loch Abar agus fosgladh Turas tro Chaisteal Inbhir Nis.

Thuir Buill a bha mar-thà air tadhal air Turas tro Chaisteal Inbhir Nis gun robh an taisbeanadh air còrdadh riutha gu mòr, agus thuir aon gun robh e air a bhith faireachail. Bha gach neach a' moladh turas chun a' Chaisteil.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

9. Aithisg Adhartais Gàidhlig 1+2

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/22/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Chuir Buill fàilte air na cothroman a bha rim faotainn do choimhearsnachdan beaga ann an Gallaibh, gu h-àraid seach gun robh e fhathast dùbhlach tidsearan Gàidhlig fhadastad an seo. Chaidh soilleireachadh a shireadh, is fhaotainn, a thaobh seasmhachd agus a thaobh a bhith a' tomhas buaidh leasan beò. Bha taic ri fhaotainn, agus bhathar an dòchas gun dèanadh tidsearan feum dhen chothrom seo. Bha na leasan beò a' mairsinn 40 mionaid, agus bhiodh iad na b' fheàrr às dèidh àm lòn. Bhiodh tidsearan a' luchdachadh a-nuas geamaichean PowerPoint agus bhiodh iad nan aonad ionnsachaidh ruigsinneach is luachmhor a sheasadh leotha fhèin.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan leasachadh leantainneach a thaobh taic do Ghàidhlig 1+2 air feadh an ùghdarras;
- ii. dhan adhartas a rinneadh le Acadamaidh a' Mhòid gu ruige a bhith a' toirt taic do sgoilearan agus sgoiltean ann an Loch Abar len cuid ionnsachaidh Gàidhlig agus gun robhar air meudachadh a thoirt air na bha a' gabhail pàirt ann am farpaisean luchd-ionnsachaidh Gàidhlig aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2025; agus
- iii. dhan adhartas a bhathar a' dèanamh le leasan clasa Blasad gus a' Ghàidhlig a leasachadh ann an sgoiltean Chataibh is Ghallaibh agus gun robh seo a' cuideachadh le bhith a' coileanadh na targaid de 70% de bhun-sgoiltean a bha a' lìbhrigeadh na Gàidhlig mar chànan C2 no C3.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.10f.